

Chaidh iomairt gus daoine a thàladh às an dachaighean 's a-steach do nàdar a chur air bhog air clàran sanasachaidh air feadh na dùthcha

A' sìneadh ris an iomairt

Tha a bhith a' falbh a-mach gus nàdar a mhealtainn na staid as fheàrr mar phàirt de dh'iomairt ùr a tha a' tomhadh air an 54 Tèarmann Nàdair Nàiseanta ann an Alba. Tha na tèarmainn am measg nan làrach fiadh-bheatha Eòrpach as fheàrr, agus iad suidhichte air feadh na h-Alba.

Tha an iomairt ag amas air barrachd uail a thogail anns na tèarmainn, sam faighear roghainn de ar stòras nàdair as motha a tha aithnichte. Nam measg, gheibhear coilltean àrsaidh giuthais agus seallaidhean air beanntan Ghleann Afaraig sa Ghàidhealtachd, creagan iongantach Cheann Eaba air costa Shiorrachd Bhearaig, agus innsean is cladaichean coillteach Loch Laomainn.

“Tha tèarmainn nan àitean sònraichte a tha a' gabhail cùram de bhrod nàdair na h-Alba às leth a h-uile neach a tha a' fuireach no a' tadhal ann an Alba,” mhinich Dàibhidh Rodger, bho aonad conaltraidh SNH.

“Bu mhath leinn barrachd dhaoine bho dhùthchannan cèin agus Alba fhèin a thàladh airson eòlas a chur air na sàr làraichean nàdair seo, agus am miorbhailean nàdarra a mhealtainn. Mar sin, rè na bliadhna seo tighinn, leigidh sinn cuideam ar n-obair conaltraidh air an iomairt ùr seo, a tha ag amas air glaothadh gu h-àrd mu NNRan. Tha sinn ag iarraidh toirt air sluagh na h-Alba bruidhinn mun deidhinn, agus tursan a gabhail anns na h-àitean brosnachail seo.”

Tha iomairt sanasachaidh nàiseanta mar chiad toradh air an dòigh-conaltraidh ùr. Na bu tràithe am-bliadhna, thug SNH cead do bhuidheann cruthachaidh sanasan a leasachadh gus mothachadh poblach air NNRan, air na tha annta agus air an adhbhar gu bheil iad ann a mheudachadh. Thathar an dùil toirt air daoine a bhith nas mothachaile gu bheil NNRan mar chuid de na h-àitean nàdair as fheàrr ann an Alba.

An cois na h-iomairt sanasachaidh, gheibhear dealbhan tire eireachdail de thri tèarmainn samhachail leis an dealbh-dair camara, Chris Close: Beinn Eighe ann an Siorrachd Rois, Forbhaidh ann an Obar Dheathain agus Loch Liobhann faisg air Ceann Rois. Bha an iomairt ga foillseachadh air làraichean sanais sònraichte a-muigh ann an sgìrean bailteil agus dùthchail na h-Alba fad dà sheachdain san luchar, gus buannachd fhaighinn à làithean-saora nan sgoiltean.

Chuireadh na faclan 'Chùm sinn àite dhut fhèin (We've kept a place for you)' air gach dealbh, agus an soidhne, 'Glèidhte (Reserved)', ann an toiseach aghaidh an t-seallaidh. Tha seo a' leigeil fhaicinn gu bheil NNRan glè shònraichte agus àraidh, ri an lorg agus am mealtainn leis a h-uile duine.

“Bho na sgrùdaidhean poblach a rinneadh eadar an t-Ògmhios agus an t-luchar, tha fios againn gu bheil mothachadh agus tuigse air NNRan air meudachadh gu follaiseach air tàilleabh nan sanasan a-muigh,” dh'innis Dàibhidh.

“Cuiridh sinn air bhog meanbh leabhran turasachd agus coltas ùr air làrach-lin nan tèarmann san ath-cheum den iomairt. Nithear sanasachadh cuideachd tro làraichean-lin sòisealta a leithid Facebook no Flickr.”

Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh air NNRan na h-Alba aig www.nnr-scotland.org.uk



Scotland's
National Nature
Reserves
Magical places, amazing wildlife.

www.nnr-scotland.org.uk

Beinn Eighe, Ross-shire

We've kept a place for you.

RESERVED

1
Tèarmann Nàdair
Nàiseanta Beinn Eighe
ann an Taobh Siar Rois.

www.snh.gov.uk